

# Candidate 4 evidence

## Hiorta

Thagh mise an cuspair Hiorta airson sgrìobhadh fiosrachail a 'dhèanamh. Thagh mi a eilean seo, oir tha ùidh agam ann a bith ag ionnsachadh mu dhèidhinn eachdraidh na h-Alba. Bha mi airson a faighinn a-mach mu dhèidhinn eachdraidh an eilean agus ciamar a bha an suidheachadh beatha aca coltach, ciamar a dh'atharraich an eilean trò na bliadhnaichean, dè na cur-seachadan a bh ' aca agus carson a dh'fhalbh chuid as motha den chunntas-sluaigh an eilean. Bha mi cuideachd airson faighinn a-mach dè na tursan a tha iad a ' dèanamh agus na tachartasan a tha a ' dol air adhart air an eilean s'an atha an-duigh.

S'e Hiorta eilean bheag Albannach, nach eil faisg air eilean sam bith eile. Tha Hiorta ceathrad s' a h-aon mìle air falbh bho eilean Beinn Na Faoghla. Tha sealladh-dùthcha uabhasach fhein drùidhteach air an eilean, a tha gad anail a tarraing. S'e dachaigh a th'ann gu còrr is coig diofar seòra de eòin. Ged a bha daoine a'fuireach air an eilean còrr is ceud bliadhna air ais, s'an latha an-duigh chan eil anam sam bith ann a tha ag ainmeachadh an eilean mar dachaigh.

Chan eil daoine a ' fuireach air an eilean Hiorta s' a latha an-duigh, ach cha robh e an còmhnaidh mar seo. Thainig a' chiad sguab de dhaoine gu eilean Hiorta mu 4000 gu 5000 bliadhna air ais agus bha iad an seo gu 1930, nuair a bha dìreach trithead sa sia eileanaich air fhagail air an eilean. Cha robh e fada mus robh iadsan ag iarraidh an eilean fhàgail cuideachd.

Chan e beatha furasta idir a bh'ann a ' fuireach air an eilean. Bhiodh na h-eileanaich a 'coimhead as dèidh beathaichean mar caoraichean, cearcan agus crodh, gus bainne, ìm agus feòil fhaighinn airson biadh a' dhèanamh. Bha iasgach gu math mòr air an eilean còmhla ri a bhith a' glacadh eòin le eangach agus cabar-stèaraidh.

Air an eilean bha uachdaran aca a bha a ' tighinn a - nall a h-uile bliadhna airson airgead an talamh fhaighinn. Bha na h-uachdaran a ' fuireach air An t-Eilean Sgitheanach. S'e 'Macleods of Dunvegan' na h-uachdaran aig Hiorta agus bhiodh daoine a' pàigheadh le bhith a ' cleachdadh beathaichean mar crodh, caora, iasg, agus eòin an àite airgead a ' phàigheadh. Bha iad cuideachd a ' cleachdadh coirce agus èorna oir cha robh tòrr airgead aig muinntir an eilean. Bhiodh maor a ' reic na beathaichean agus biadh air an

tìr-mhòr agus ga thoirt air ais na rudan a bha dhìth air an eilean a dh'fheumas iad airson a h-uile latha.

Air an eilean cha robh rathad sam bith aca airson a ' faighinn bho aon taobh gu taobh eile. Bhiodh iad a ' coiseachd air feadh an eilean le coirce, biadh agus eòin marbh air cùl na druim aca. Airson a ' faighinn na solaran a bha dhìth aca bhon tìr-mhòr bhiodh bàta beag a ' suibhal bhon tìr-mhòr agus air ais a-rithist. Bhiodh iad cuideachd a ' cleachdadh na bàtaichean airson a faighinn na beathaichean , eòin agus coirce bho eilean Hiorta air ais air an tìr-mhòr. Cha robh cidhe air an eilean agus bhiodh feum air na bàtaichean le na solaran ga fhagail air na creagan airson muinntir Hiorta a ' choinnich. Ann an 1901 bha cidhe air a thogail airson a dhèanamh nas fhasa do na h-eileanaich na solaran aca a chruinneachadh. Cha robh eilean Hiorta agus an tìr-mòr air mòran conaltraidh air a dhèanamh idir agus a h-uile bliadhna bhiodh ministear a ' tighinn a-nall airson amannan sònraichte.

Ann an 18mh linn thàinig ministear agus miseanaraidh a-nall don eilean. Bha mansa agus eaglais air an togail agus airson a ' chiad turas bha ministear aig an eilean fad na thìde.

Bha eilean Hiorta mar eilean Albannach sam bith eile aig an àm seo san t-saoghal. Bhiodh iad a ' bruidhinn ann an cànan Gàidhlig ri cheile. Cha robh fios aig mòran do na h-eileanaich air Beurla idir or bha iad air an togail fad beatha le Gàidhlig. Bha eilean Hiorta uabhasach fhein spòrsail, bhiodh iad a ' cluich tòrr gèamaichean agus bha gaol mòr aca air ceòl agus a ' dannsadh.

Bha muinntir Hiorta uile a ' fuireach ann am baile Hirta agus bha a h-uile taigh air an eilean air a ' chruthachadh le clachan. Bha iad uile coltach ri taighean dubha. Bha saoidhe air muileach na taighean agus bha iad air a chruthachadh gu math ìseal. Bha na taighean uile faisg air na mara agus ann an 1830 bha na taighean uabhasach fhein beag, le aon rùm. Anns An geamhradh bhiodh na beathaichean mar bò a ' fuireach anns na taighean aca. As dèidh na taighean sin, ann an 1860 bha na taighean nas fheàrr. Bha dà rùm aca agus rùm beag aig an doras nuair a tha thu a ' coiseachd a-steach. Cha robh na beathaichean a ' fuireach a-steach anns na taighean aca.

Ann an 19mh linn bha barrachd còmhraidh aig Hiorta le an tìr-mhòr, mar an t-Eilean Sgitheanach agus na h-Eileanan Siar agus bha barrachd bàtaichean a seòladh a-nall don

eilean le barrachd solaran don coimhearsnachd Hiorta. Thàinig ‘The Vulcan’ gu eilean Hiorta aon sàmhradh, s ‘e báta spaideil a bh’ann. Bha ‘The Vulcan’ na iacht agus thainig e don eilean ann an 1838. An deidh còrr is ceathrad bliadhna an dèidh an iacht a tighinn, thainig a ‘ chiad crùs don eilean. S ‘e ainm an crùs ‘The SS Dunara Castle’ agus thainig e don eilean anns a ‘ Shàmhradh, 1877. Rinn an crùs barrachd na aon turas don eilean agus bliadhna no dhà an dèidh sin, thainig tòrr diofar seòrsa crùsan eile don eilean mar an ‘SS Hebrides’.

Nuair a thoisich na crùsan a tighinn thàiris fad na tìde, thoisich na h-eileanaich a’ reic rudan a bha dèanta aig an taigh dhan neach-turais. S’ e pìosan a bha iad a’ reic, pìosan aodach mar stocainnean, mìotagan, àd agus pìosan air a dhèanamh a-mach a craiceann caora. Bha iad cuideachd a ‘ reic uighean agus clò. Bha iad a ‘ faighinn beagan airgead le bhith a dèanamh seo.

Bha na bliadhnaichean a ‘ faighinn nas duilich dha na daoine air Hiort anns na bliadhnaichean a chaidh seachad. Bha e a ‘ faighinn nas duilich airson bàrr a fàs agus airson a ‘ coimhead as dèidh na beathaichean aca. Bha e cuideachd a ‘ fàs nas doirbh biadh a dhèanamh. Air sgath seo bha an eilean a-nis earbsadh air bàtaichean a ‘ sheòladh don eilean le biadh dhaibh. Bha an tìde air fhaighinn cho duilich gun fheumadh iad rudan airson na taighean aca, mar sparraich agus na taighean aca a chrìochnachadh. Bha earbsadh aca cuideachd air pìosan airson na taighean aca a togail, mar pìosan clach, sràbh agus pìosan fiodh. S’ e connach aon rud eile a dh’ fheumadh an eilean còmhla ris a h-uile cail eile.

As dèidh bliadhnaichean dh ‘ fhàs an dòigh-beatha an eilean ro duilich agus bha na h-eileanaich ag iarraidh dòigh-beatha ùr agus nas dòigheil. Air sgath seo ghluais trithead sa sia muinntear Hiorta gu taobh eile den t-saoghal, Astràilia. Bha iad airson Melbourne a rioghainn, ach air an t-slighe bhàsaich feadhainn dhuibh. Ràining feadhainn dhuibh am bàile-mhòr Melbourne, ach cha robh iad a ‘ bruidhinn cail ach Gàidhlig agus bha e duilich dhuibh a bruidhinn ri daoine eile. Tha baile a-muigh Melbourne leis an t-ainm Hiorta a-nis.

Bho 1876 gu 1912 bha tòrr amannan ann nuair nach robh tòrr biadh ann dha na daoine air an eilean agus bhiodh iad a ‘ chuir a-mach lìtìr gu an tìr-mhòr airson ag innse dhaibh, ach màr is trice bhiodh iad a ‘ dol air chall.

Bha an cnatan-mhòr na trioblaid mòr ann an 1913, agus bhàsaich tòrr de na h-eileanaich a bha air fhàgail. As dèidh sin, ann an 1914 thoisich a ' chiad chogaidh agus bha na daoine a bha air fhàgail a ' faireachdain nas aonaranach. Cha robh tòrr bàtaichean a ' dol a-null air sgathas a ' chogadh agus cha robh iad idir a bruidhinn ri an tìr-mhòr.

Dh ' fhag an trithead s'a sia muinntear Hiorta a bha air fhàgail air an eilean chun tìr-mhòr ann an 1930.

An-duigh tha bàtaichean ann a tha a dèanamh tùrsan gu eilean Hiorta gus am faic luchd-turais an suidheachadh a bh'aca agus ciamar a bha an dòigh-beatha aca coltach agus airson a ' coiseachd timcheall. Faodaidh thu cuideachd a ' dol campadh airson oidhche.

Mar sin, dh'ionnsaich mi tòrr mu dheidhinn eilean Hiorta. Tha barrachd tuigse agam mu dheidhinn eachdraidh an eilean agus an dòigh-beatha a bh'aca agus dè cho duilich a bha dhuibh a bhith cho fada air falbh bho daoine eile. Tha mi toilichte gun do thagh mi an cuspair seo agus bu choir a h-uile daoine ag ionnsachadh mu dheidhinn an eilean seo.

Aireamh Facal: 1465

Tùsan:

<https://www.kilda.org.uk/>

<https://www.gotostkilda.co.uk/st-kilda/>